

Bòrd na Gàidhlig: Mapa-slighe na h-Alba tro agus a-mach às an èiginn

Geàrr-iomradh

Tha Gàidhlig aig cridhe fèin-aithne na h-Alba. Bidh i a' cruthachadh beartas cultarach, sòisealta agus eaconomach, bidh i a' glèidheadh agus a' neartachadh choimhearsnachdan, tha ruigsinn eadar-nàiseanta aice agus tha i na cànan ann an dachaighean, agus airson ionnsachadh, cùram, cultar agus obair.

Ged a tha e ceart gu bheil prìomhachas ga thoirt do dhèiligeadh ri èiginn COVID-19, tha e cudromach dèanamh cinnteach gun tèid a taic a chumail ri bhith a' toirt fàs air a' Ghàidhlig, a tha na cànan ann an cunnart.

'S iad na prìomh dhùbhlain a tha an suidheachadh làithreach air adhbharachadh:

- A bhith a' dèanamh cinnteach gur e foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG), a' phrìomh dhòigh gus luchd-labhairt a chruthachadh, agus gu bheil e a' toirt bogadh cànan do theaghlaichean far nach eil Gàidhlig na cànan dachaigh;
- Ìre-chleachdaidh nas lugha de FtG mar thoradh air dìth solar Gàidhlig aig ìre ro-sgoile.
- a bhith a' dìon muinntir nan eilean far a bheil Gàidhlig na cànan coimhearsnachd air sgàth 's gu bheil buaidh nas motha aig Covid-19 air seann daoine agus mar thoradh air buaidh a' chrìonaidh eaconomaich;
- cho cugallach so-leònte 's a tha tòrr den t-structar taic dhan Ghàidhlig.

Tha a' Ghàidhlig agus a' cultar a' toirt chothroman dhuinn a bhith a' neartachadh na dùthcha agus i a' tighinn a-mach às a' ghlasadh-sìos agus nas fhaide air adhart. Tha iad seo co-cheangailte ri:

- iomadachd, in-ghabhail agus co-ionannachd – tha Gàidhlig air aon de na cànanan aig Alba le a' cultar beartach fhèin a tha a' cur ri iomadachd na h-Alba; le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi i mar phàirt de phlanaichean airson an àm ri teachd, 's urrainn do Riaghaltas na h-Alba cur ri iomadachd is co-ionannachd;
- a' cur ri sgilean agus coileanadh tro foghlam Gàidhlig agus Gàidhlig do dh'inbich;
- a' brosnachadh inbich gus ionnsachadh le bhith a' cur ris na h-àireamhan de dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig tro ghoireasan air-loidhne, mar eisimpleir, Duolingo agus LearnGaelic.scot;
- cultar beartach làidir a tha a' cumail taic ri cruthachalachd, in-ghabhail sòisealta agus ris an eaconomaidh;
- margaidh turasachd a tha a' fàs agus a' tabhann fìor eòlasan cultarach cho math ri bhith a' togail iarrtasan airson an àm ri teachd; agus a' tasgadh ann an gnìomhachasan ùra agus gnìomhachasan a tha a' fàs a bhios a' cleachdadh bun-stèidh làidir de luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh nan eilean agus nan sgìrean dùthchail agus a chumadh taic ri fàs eaconomach.

San dòigh seo, is urrainn dhan Ghàidhlig taic a chumail ris a' phlana aig an ìre nàiseanta airson a bhith ag ath-thogail choimhearsnachdan agus na h-eaconomaidh agus a bhith a' toirt dhuinn comann-sòisealta a tha nas eadar-mheasgte agus nas in-ghabhalaiche tro chultar a tha air aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta airson a bheartas agus a luach.

1. Co-theacsa

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba *Covid-19 – A Framework for Decision Making* sa Ghiblean 2020 agus *Scotland's route map through and out of the crisis* anns a' Chèitean 2020. Tha an dà chuid a' sireadh bheachdan bho mhuinntir na h-Alba air am molaidhean.

Tha Bòrd na Gàidhlig, mar an NDPB a tha an urra ri brosnachadh na Gàidhlig agus a cultair, airson freagairt a chur a-steach dhan cho-chomhairle air na sgrìobhainnean agus gus taic a chumail ri Riaghaltas na h-Alba gus aghaidh a chur air na prìomh dhùbhlain agus chothroman a tha mu choinneamh coimhearsnachd Gàidhlig na h-Alba.

Tha an sgrìobhainn ro-innleachdail aig an Riaghaltas airson taic is fàs dhan Ghàidhlig agus a' cultar¹ a' cur an cèill nam poileasaidhean aige airson na Gàidhlig agus tha susbaint a' phàipeir seo a' tarraing air an sgrìobhainn seo.

2. Cùl-fhiosrachadh

Tha a' Ghàidhlig air aon de na cànanan a bhuineas ris an Rìoghachd Aonaichte agus tha a h-inbhe air aithneachadh ann an grunn sgrìobhainnean reachdail aig ìre na h-Eòrpa agus na h-Alba² agus ann an ro-innleachdan riaghaltais is roinneil³. Thathar air a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig ann an Alba nas fhaide na Beurla agus faodar a sgaoileadh cruinn-eòlasach a leantainn tro ainmean-àite bho Shiorrachd Obar Dheathain gu na h-Eileanan an Iar, agus bho Ghallaibh gu Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh.

Tha Gàidhlig aig cridhe fèin-aithne na h-Alba. Bidh i a' cruthachadh beartas cultarach is cruthachail, a' cruthachadh agus a' neartachadh choimhearsnachdan, tha ruigsinn eadar-nàiseanta aice agus tha i na cànan ann an dachaighean, agus airson ionnsachadh, cùram agus cultar.

Tha i cuideachd ann an cunnart. A dh'aindheoin adhartas, tha a' Ghàidhlig fhathast ann an suidheachadh cugallach agus tha leantainneachd fìor chudromach ann an ath-bheòthachadh mion-chànan sam bith. Tha an galar mòr-sgaoilte a' cur ris na dùbhlain a thaobh glèidheadh is fàs a' chànan. Ach, tha a' Ghàidhlig a' tabhann chothroman do dh'Alba dòighean-obrach ùra a libhrigeadh fhad 's a tha an dùthaich a' tighinn a-mach à glasadh-sìos agus a' coimhead ri bhith a' togail dhòighean ùra.

3. Adhbharan dragh

3.1 A' dèanamh cinnteach gun tèid feart a thoirt air a' Ghàidhlig

Ged a tha e ceart gu bheil prìomhachas air dèiligeadh ri èiginn COVID-19, tha e cudromach dèanamh cinnteach gun lean an t-adhartas a rinn ùghdarrasan poblach gus fàs a thoirt air a' Ghàidhlig.

¹ Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23

² Cairt Eòrpach nam Mion-chànanan, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016

³ Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23; Plana Nàiseanta nan Eilean, Planaichean Gàidhlig

3.2 Òigridh

Bidh mòran theaghlaichean a' taghadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) airson an cuid chloinne.⁴ Bidh seo a' tòiseachadh sna tràth-bhliadhnaichean, gu tric ann an cròileagain air an cur air dòigh leis a' choimhearsnachd a tha a' toirt seachad bogadh sa Ghàidhlig, agus tha seo a' leantainn air adhart ann an solar reachdail sna tràth-bhliadhnaichean sa bun-sgoil is san àrd-sgoil. Cumaidh gnìomhan taobh a-muigh na sgoile ri seo, a bhios a' toirt cothroman do dh'òigridh air spòrs, oideachadh ciùil agus gnìomhan eile tro mheadhan na Gàidhlig.

Bho chaidh na toglaichean sgoile a dhùnadh, thathar air a bhith a' libhrigeadh foghlam air-loidhne le luchd-teagaisg agus seirbheisean taic dìcheallach. Ach, do theaghlaichean nach bi a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh, tha e tòrr nas duilghe na buannachdan bho bhogadh fhaighinn agus tha fileantas na cloinne sa chànan ann an cunnart. Dh'fhaodte gun gluais teaghlaichean an cuid chloinne bho FtG gu foghlam tro mheadhan na Beurla agus mar sin gun caill iad na buannachdan foghlaim aig foghlam dà chànanach agus na deagh bhuaidhean air coileanadh aig foghlam tron Ghàidhlig.

'S e buaidh eile a dh'fhaodadh a bhith ann lughdachadh ann an àireamhan luchd-labhairt Gàidhlig ùra, leasachadh a tha riatanach gus an cànan a ghlèidheadh. Tha solar agus fèill air foghlam tro meadhan na Gàidhlig air aon dè na prìomh phoileasaidhean airson ath-bheothachadh cànan agus mar sin, tha e ro-chudromach dèanamh cinnteach gum bithear a' brosnachadh agus a' cumail taic ri teaghlaichean gus feum a dhèanamh de na cothroman sin.

3.3 Coimhearsnachdan (eileanach agus dùthchail)

A rèir rannsachaidh a dh'fhoillsich Oilthigh Chill Rìmhinn⁵ sa Ghiblean 2020: Dh'fhaodte gum bi ìrean bàis bho Chovid-19 eadar 50% agus 80% nas àirde ann an coimhearsnachdan dùthchail agus bailtean beaga iomallach na ann an sgìrean bailteil mòra. Tha sluaigh nan Eileanan Siar, far a bheil a' mhòr-chuid de na coimhearsnachdan far a bheilear a' bruidhinn na Gàidhlig gu làitheil, a' fàs nas sine agus tha e cudromach fhèin dèanamh cinnteach gun tèid lùghdachadh sam bith air a' ghlasadh-sìos a dhèanamh ann an dòigh nach toir cunnart a bharrachd do mhuinntir nan eilean.

Chaidh droch bhuaidh a thoirt air eaconamaidhean nan eilean agus nan sgìrean dùthchail, a tha gu mòr an urra ri turasachd. Chaidh droch bhuaidh a thoirt air mòran ghnìomhachasan eile, m.e. chaidh margaidhean a chall airson maorach àrd-inbhe bho na h-eileanan a chumas obraichean giullachd ri daoine a bharrachd air obair an iasgaich fhèin.

Tha na ro-mheasaidhean deamografach airson nan sgìrean sin⁶ nan adhbharan dragh mar-thà agus tha e coltach gum bi crìonadh sluaigh a bharrachd ann mar thoradh air call teachd-a-steach agus call chosnaidhean, rud a tha ga dhèanamh nas duilghe a' Ghàidhlig a ghlèidheadh.

⁴ <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2019/10/Dàta-Foghlaim-AM-FOLLAIS-2018-19-egn-3-PUBLIC-Education-Data-8.pdf>

⁵ http://www.cpc.ac.uk/docs/2020_PB51_Covid-19_in_remote_and_rural_communities.pdf

⁶ <https://www.cne-siar.gov.uk/strategy-performance-and-research/outer-hebrides-factfile/population/population-projections/>

3.4 Bun-structar

Bidh farsaingeachd de bhuidhnean a’ cumail taic ris a’ Ghàidhlig agus a cultar, bho Ùghdarrasan Ionadail gu bàird, luchd-ciùil agus luchd-ealain cruthachail fa leth eile. Ged a tha e farsaing, tha am bun-structar so-leònte agus tha atharrachaidhean ann am poileasaidh poblach agus buidseatan buailteach droch bhuidhean a thoirt air comas an treas roinn a bhith a’ libhrigeadh agus ris na roghainnean aig daoine fa leth.

Tha tòrr de na buidhnean a bhios a’ libhrigidh sheirbheisean Gàidhlig ag obair san treas roinn, leis a’ mhòr-chuid an eisimeil teachd a-steach a nì iad fhèin a bharrachd air maoinachadh tro ghrantaichean. Mar an ceudna, tha na buidhnean treas roinn seo a’ cumail taic ri farsaingeachd de chompanaidhean agus de dhaoine fa leth a bhios a’ cruthachadh susbaint chultarach, cho math ri bhith a’ toirt seachad oideachadh, gus an urrainn do dhaoine eile sgilean agus eòlas a thogail.

Ged a tha grunn ghnothaichean air gluasad air-loidhne, tha an suidheachadh làithreach air cron nach beag a dhèanamh air cothroman gus an teachd a-steach sin a dhèanamh. Tha am bun-structar riatanach gus an t-susbaint chruthachail a chumail a tha a’ toirt cothrom do dh’Alba a bhith a’ cur air adhart sealladh air leth dhan t-saoghal, tro cheòl, litreachas, telebhisean no ealain eile. Gun an teachd-a-steach cosnaichte sin, tha cunnart ann gun tèid am bun-structar a sgaoileadh no a chall.

4. Cothroman

4.1 Iomadachd, In-ghabhail agus co-ionannachd

Tha a’ Ghàidhlig agus a cultar na pàirt bheartach bhunaiteach de dh’fhèin-aithne na h-Alba. Le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taic a’ chànain air am faicinn gu follaiseach ann am mapaichean-slighe airson adhartas a-mach às a’ ghlasadh-sìos, bheir e taic do dh’iomadachd dearbh-aithne agus nì e cinnteach gu bheilear a’ brosnachadh in-ghabhalachd airson pàirt bheag air leth cudromach de chomann-sòisealta na h-Alba. A bharrachd air seo, nochdaidh e cuideachd gu bheil Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh co-ionannachd. Ma thèid na cothroman a leanas a chur ris a’ mhapa-rathaid, cumaidh seo taic ri libhrigeadh an amais seo.

4.2 Ionnsachadh agus sgilean Gàidhlig

Tha rannsachadh air sealltainn gu bheil dà-chànanas na buannachd do leasachadh chloinne ann an iomadh dòigh.⁷ Tha FtG na shlighe chudromach gu dà-chànanas ann an Alba. Ged nach ionann seo agus teagasg sa chlas, a tha ro-chudromach airson tar-chur cànan, tha tòrr dhòighean-obrach tionnsgalach air tighinn am bàrr a chionn ’s gu bheil feum aig sgoilearan FtG air taic airson ionnsachadh san dachaigh. Tha seo a’ gabhail a-steach curraicealaim nàiseanta e-sgoil, làraichean-lìn le goireasan ionnsachaidh do theaghlaichean, daoine fa-leth a’ cruthachadh nithean air Padlet agus iomadh iomairt eile. Chaidh iad seo a chur air dòigh mar fhreagairt luath ri suidheachadh èiginneach.

Tha comas nach beag ann gus na goireasan seo a leasachadh agus a cho-òrdanachadh gus taic a thoirt dhan a h-uile duine a tha an sàs ann an libhrigeadh FtG (luchd-teagaisg,

⁷ <https://www.bilingualism-matters.ppls.ed.ac.uk/>

sgoilearan, luchd-taic agus teaghlaichean) san àm ri teachd. A bharrachd air sin tha sinn air ar misneachadh gu bheil a’ Bhuidheann Ath-stèidheachaidh Foghlaim air grunn shruthan-obrach a chomharrachadh agus mholamaid gu làidir gum bu chòir gach fear de na sruthan-obrach beachdachadh air leasachadh ro-innleachdail an dà chuid tro mheadhan na Beurla agus na Gàidhlig.

4.2.1 Ionnsachadh air-loidhne

Tha an fhèill air seirbheisean leithid LearnGaelic.scot agus Duolingo air fàs tron phandamaig agus tha e cudromach gun tog sinn air seo a thaobh ionnsachadh leantainneach agus, nuair a tha e sàbhailte seo a dhèanamh, gum brosaich sinn daoine gus tadhal air coimhearsnachdan Gàidhlig.

4.2.2 A’ leantainn air le seirbheisean air-loidhne

A dh’aindeoin nan dùbhlannan follaiseach brònach bho èiginn COVID-19, tha e cuideachd air toirt air coimhearsnachd na Gàidhlig a dhol air-loidhne. Tha seo air cur ri tionnsgalachd agus ri sgilean air feadh na coimhearsnachd. Tha e a’ cruthachadh chothroman air ceanglaichean nas motha thairis air a’ choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta às dèidh a’ ghlasadh-sìos. Tha seo a’ dearbhadh gum bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile taigh ann an Alba air seirbheisean air-loidhne agus gum bu chòir gluasad a dh’ionnsaigh seo tòrr nas luaithe.

4.3 Cultar

Bho thòisich an glasadh-sìos san dùthaich, tha e air fàs nas fhollaisiche cho cudromach ’s a tha an roinn chruthachail is chultarail airson slàinte a’ chomainn-shòisealta agus gu sònraichte airson slàinte-inntinn. Thathar air oidhirpean a dhèanamh gus taic a chumail ri luchd-ealain Gàidhlig a tha ag obair air an ceann fhèin agus bhiodh comann-sòisealta na b’ fhallaine ann nan rachadh barrachd taic a thoirt dhan luchd-ealain agus dhaibhsan a tha a’ furastachadh cothrom air cultar. Tha seo fìor ann an sgoiltean, ann an coimhearsnachdan agus anns an eaconamaidh agus mar phàirt den mhapa-rathaid, thathar a’ moladh gun tèid fòcas às ùr a chur air a bhith a’ cumail taic ri, agus a’ cruthachadh chothroman gus an gabh a h-uile duine pàirt, ge b’ e dè an ìre de sgìl a th’ aca. Chithear na buannachdan aig cultar beartach soilleir bhon ìre de dh’ùidh ann an, agus bhon fhèill air, cultar na Gàidhlig air feadh an t-saoghail.

4.4 Eaconamaidh

Thathar air sealltainn gu bheil comas aig a’ Ghàidhlig a bhith a’ cur ri fàs eaconamaidh na h-Alba⁸. Tha dà roinn ann far a bheil a’ Ghàidhlig gu sònraichte cudromach – Didseatach agus Turasachd.

4.4.1 Turasachd

Dh’fhoillsich VisitScotland a’ chiad Ro-innleachd airson Turasachd Ghàidhlig ann an 2018⁹. Tha sinn a’ cur an cèill mar as urrainn dhan ghnìomhachas freagairt air an ùidh shoilleir a th’

⁸ <https://www.hie.co.uk/research-and-reports/our-reports/2014/november/12/gaelic-research-ar-stòras-gàidhlig/>

⁹ <https://www.visitscotland.org/about-us/what-we-do/working-in-partnership/gaelic-tourism-strategy>

aig luchd-tadhail às an dùthaich seo agus à thall thairis anns a’ Ghàidhlig agus a cultar.¹⁰ Bho chaidh fhoillseachadh, tha sìor-fhàs ann an ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig air a bhith follaiseach bhon àireamh de daoine a tha a’ dèanamh Gàidhlig na h-Alba air Duolingo (c.344k luchd-ionnsachaidh air an clàradh taobh a-staigh 6 mìosan).¹¹ Tha seo a’ toirt taic dhan bheachd gu bheil ùidh nach beag aig daoine sa chànan, gu bheil seo a’ sìor-fhàs agus gun urrainn seo cothroman eaconamach a chruthachadh.

Mar a thuirt sinn roimhe, tha sinn den bheachd gu bheil na cuingealachaidhean air siubhal a tha a’ dìon nan coimhearsnachdan eileanach agus dùthchail ro-chudromach agus mar sin, cha bhi cothrom air leasachadh a bharrachd air turasachd san ùine-ghoirid a chionn ’s gu bheil e stèidhichte air siubhal. Ach gabhaidh cothrom air seirbheisean, mar eisimpleir ionnsachadh cànan, a’ gabhail pàirt ann an cèilidhean air-loidhne agus seirbheisean agus goireasan eile a tha a’ toirt seachad fìor eòlas air a’ Ghàidhlig a leudachadh gu sònraichte tron ath-chothrom a dh’ainmicheas sinn.

4.4.2 An Eaconamaidh Dhidseatach

Tha am fàs luath o chionn ghoirid ann an cruthachadh agus cleachdadh nam meadhanan didseatach Gàidhlig a’ toirt barrachd fianais dhuinn gu bheil bun-stèidh làidir de sgilean didseatach aig luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Dh’fhaodadh tasgadh ann am modalan gnìomhachais a tha ùr agus a’ tighinn am bàrr le lorg-coise didseatach Gàidhlig làidir cuideachadh le bhith a’ togail ghnìomhachasan soirbheachail agus seasmhach, gu sònraichte ann an coimhearsnachdan far an robhar a’ faicinn astar bho sgìrean bailteil mar ana-cothrom.

5. Co-dhùnadh

Le bhith a’ gabhail ri feumalachdan agus miannan coimhearsnachd eadar-mheasgte na Gàidhlig ann an Alba mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd, is urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach nach tèid dearmad a dhèanamh air na buill seo de chomann-sòisealta na h-Alba agus nach tèid an trèigsinn.

Tha na cothroman airson fàs ann an ionnsachadh, ann an cultar agus san eaconamaidh tro leasachaidhean a tha stèidhichte air, agus a’ toirt aire dhan Gàidhlig agus a cultar a’ cuideachadh le bhith a’ dèanamh cinnteach, cho fad ’s as urrainn dhuinn, gu bheil ar clann air an oideachadh, gun urrainn do ghnìomhachasan ath-fhosgladh, agus gun urrainn dhan chomann-shòisealta obrachadh.

Cuidichidh seo gus eaconamaidh na h-Alba ath-thogail, gus cur an aghaidh neo-ionannachd agus gus leas mhic an duine a chur air adhart agus thèid seo a choileanadh tro bhith ag obair le coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba gus co-thàthadh agus co-thaic a thogail.

¹⁰ <https://www.visitscotland.org/binaries/content/assets/dot-org/pdf/research-papers/the-lure-of-gaelic.pdf>

¹¹ <https://www.duolingo.com/enroll/gd/en/Learn-Scottish-Gaelic>